



# Plana Leasain: Treas/Ceathramh Ìre



## Builean ionnsachaidh

- 1 Gus tuigse fhaighinn air na cunnartan a tha an lùib uisge, a' gabhail a-steach buaidh clisgeadh uisge fuar.
- 2 Gus tuigse fhaighinn air na ceumannan bacaidh a chuidicheadh gus thu fhèin agus daoine eile a chumail sàbhailte.

Àm-lìbhrigidh: 50 mionaidean

**Uidheam a tha a dhìth:** Sgrion le fuaim, tìmeair, peann is pàipear, bucaid no bobhla, uisge fuar (ciùbaichean deighe, ma ghabhas e dèanamh), searbadair.



## Còd Sàbhailteachd Uisge



Stad agus Smaoinich,  
Aithnich na Cunnartan



Fuirich Còmhla,  
Fuirich Faisg



Ann an Suidheachadh  
Èiginn, cuir fòn gu 999

Structar leasain	Aireamh na sleamhnaig	Amannan	Gniomhan dhan chleachdaiche	Gniomhan do sgoilearan	Ceistean dùblain
<b>Gniomh 1:</b> <b>(Gniomhachd tòiseachaidh)</b>	2	5 mionaidean	<p>Thoir a-steach gniomhachd tòiseachaidh: ann am paidhir no ann am buidheann, taghaidh na sgoilearan dealbh agus bruidhnidh iad air na ceistean a leanas:</p> <p>a) Dè tha thu a' faicinn?</p> <p>b) Am bi thu a' dol gu àite mar seo uair sam bith? Càit a bheil e?</p> <p>c) A bheil thu a' faireachdainn sàbhailte an seo?</p> <p>d) Dè na cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann?</p> <p>Iarr air na sgoilearan na ceistean dùblain a fhreagairt:</p> <p>Faic colbh nan 'Dùblan' airson ceistean dùblain a bharrachd gus cnuasachadh breithneach a bhrosnachadh.</p> <p>Gliocas: Cuidichidh a bhith a' cleachdadh eòlas ionadail (tràighean, aibhnichean, canàlan, lochan)</p> <p>sgoilearan gus sàbhailteachd uisge a thughsinn ann an co-theacsas nas ciallaiche.</p>	<p>Ann am paidhrichean no buidhnean, bidh sgoilearan a' taghadh fear de na dealban.</p> <p>Bidh iad an uair sin a' bruidhinn air na ceistean agus a' toirt fios air ais dhan chlas.</p>	<p>Dè na h-eadar-dhealachaidhean eadar a bhith a' snàmh ann an amarsnàimh agus anns a' muir?</p> <p>Ceistean dùblain a bharrachd:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Carson nach eil cuid de chunnartan furasta fhaicinn no ri fhaicinn idir?</li> </ul> <p>Dè tha annta?</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Ciamar as urrainn uisge a bhith cunnartach?</li> </ul>



# Plana Leasain: Treas/Ceathramh

Structar leasain	Àireamh na sleamhnaig	Amannan	Gniomhan dhan chleachdaiche	Gniomhan do sgoilearan	Ceistean dùblain
<b>Gniomh 2</b> <b>Stad agus maoinich, Aithnich na Cunnartan</b>	3	<b>5–10 mionaidean</b>	<p>Leugh a-mach an seantans: "Cha bhi mi a' gabhail riosgan timcheall air uisge uair sam bith." Can gun tèid iarraidh air sgoilearan na freagairtean aca a mhìneachadh. Feumaidh iad co-dhùnadh dè an àireamh as fheàrr a tha a' roichdachadh am beachd (1 = ag aontachadh gu tur, 10 = ag eas-aontachadh gu tur).</p> <p>Bu chòir ùine smaoineachaidh 30 diog a bhith aig sgoilearan mus gluais iad timcheall a' chlas gus aontachadh no eas-aontachadh leis an aithris. Bidh an suidheachadh a tha iad a' taghadh sa chlas a' nochdadh am beachd.</p> <p>Bidh feum agad air rùm sa chlas: seasaidh sgoilearan faisg ort ma dh'aontaicheas iad, agus fada air falbh mura h-aontaich iad. Tagh sgoilearan gus freagairtean a thoirt seachad stèidhichte air seo gus roghainn fharsaing de bheachdan fhaighinn. Iarr air na sgoilearan adhbharan a thoirt seachad airson am freagairtean. Roghainnean: cleachd notaichean post-it agus continuum air a' bhòrd.</p> <p>Faighnich: an atharraicheadh gin de na freagairtean aca às dèidh na chuala iad bho sgoilearan eile? Faodaidh sgoilearan an suidheachadh aca san t-seòmar atharrachadh ma bhios feum air seo.</p> <p>Faic colbh nan 'Dùblan' gus smaoineachadh breithneachail a bhrosnachadh.</p>	<p>Smaoinichidh sgoilearan fad 30 diog mu na freagairtean aca. Faodaidh iad seo a sgrìobhadh sìos mar an fhreagairt aca. Feumaidh adhbhar a bhith aca, a' gabhail a-steach eisimpleir.</p> <p>Bidh sgoilearan an uair sin gan suidheachadh fhèin san t-seòmar, a rèir am freagairt. Ma tha iad fada air falbh bhon tidsear, chan eil iad idir ag aontachadh leis an aithris. Ma tha iad nan seasamh nas fhaisce air an tidsear, tha iad nas dualtaiche aontachadh leis an aithris.</p> <p>Bheir sgoilearan fios air ais agus smaoinichidh iad air freagairtean an co-aoisean.</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• àm nuair a bha thu a' faireachdann fo chuideam gus riosg a ghabhail?</li> <li>• Dè dhèanadh tu nam biodh cuideigin gad bhrosnachadh gus rudeigin cunnartach a dhèanamh faisg air uisge (mar eisimpleir, leum far cidhe nuair nach eil fios agad dè cho domhainn 's a tha an t-uisge no a bheil cunnartan falaichte fon uisge)?</li> </ul>
<b>Gniomh 3</b> <b>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</b>	4	<b>10 mionaidean</b>	<p>Is e an dàrna ceum ann an còd WSS, Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg.</p> <p>Thoir a-steach gniomhachd 3: ann am paidhir no ann am buidheann, taghaidh na sgoilearan suidheachadh A no B (aig bonn na sgrion). Bidh 3 mionaidean aca airson bruidhinn air na ceistean sa bhogsa gu h-àrd air an taobh chlì. Bheir iad fios air ais dhan chlas an uair sin.</p> <ol style="list-style-type: none"> <li>1. Dè na cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann?</li> <li>2. A bheil a h-uile cunnart furasta fhaicinn?</li> <li>3. Dè a b' urrainn dhut dèanamh airson cumail sàbhailte?</li> <li>4. Dè bheireadh tu leat?</li> </ol>	<p>Ann am paidhir no buidheann, tagh suidheachadh A no B agus an uair sin bruidhinn air na ceistean sa bhogsa gu h-àrd air an taobh chlì. Bidh deònach beachdan a thoirt air ais.</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dè a' chomhairle sàbhailteachd a bheireadh tu do chuideigin nas òige?</li> <li>• Carson a tha thu nas sàbhailte ma tha thu a' fuireach faisg air pàrant/heach-gleidhidh/inbheach cunnatachail, no ann am buidheann?</li> <li>• Carson a tha an cafaidh cudromach ann an suidheachadh B? (a' dol a dh'iarraidh cuideachadh)</li> </ul>



# Plana Leasain: Treas/Ceathramh

Structar leasain	Àireamh na sleamhnaig	Amannan	Gniomhan dhan chleachdaiche	Gniomhan do sgoilearan	Ceistean dùblain
<b>Bhidio 1</b> <b>Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</b>	5	5 <b>mionaidean</b>	<p>Mus cluich thu a' bhidio ghoirid, thoir seachad rabhadh sàbhailteachd: ged nach eil an sgeulachd anns a' bhidio seo fior, tha e stèidhichte air droch thubaistean a thachair air feadh na h-Alba.</p> <p>Mus cluich thu a' bhidio, iarr air sgoilear no dhà na ceistean air an sgrion a leughadh a-mach. Iarr orra smaoineachadh air na ceistean sin fhad 's a bhios iad a' coimhead a' bhidio.</p> <p>Às dèidh dhut a' bhidio a chluich, faighnich a bheil beachd sam bith aig duine air a' bhidio, no an urrainn dhaibh na ceistean a fhreagairt.</p> <p>Can riutha, ann an suidheachadh èiginn, gur e a' chiad rud a bu chòir dèanamh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>Cuir Fòn gu 999</b></li> <li>• Na rach a-steach dhan uisge gus cuideigin a chuideachadh <b>uair sam bith</b>.</li> </ul>	<p>Leughaidh sgoilearan na ceistean a-mach, coimheadaidh iad air a' bhidio, smaoinchidh iad agus freagraidh iad na ceistean.</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Carson nach bu chòir dhut a dhol a-steach dhan uisge gus cuideigin a chuideachadh uair sam bith?</li> <li>• Shaoil e gun robh e sàbhailte a dhol a-staigh: dè na cunnartan nach b' urrainn dha fhaicinn?</li> </ul>
<b>Gniomh 4</b> <b>Clisgeadh uisge fuar: a' coimhead air uisge fuar</b>	6	10 <b>mionaidean</b>	<p>Minich gum bi sinn a-nis a' dèanamh sgrùedadh air clisgeadh uisge fuar. Feumaidh tu dithis shaor-thoileach, bucaid no bobhla, uisge fuar (no ciùban-deighe), searbhadaidh (no rudeigin airson làmhan a thiomachadh), peann is pàipear.</p> <p>Iarr air saor-thoilich an ainmean a sgrìobhadh air pìos pàipeir. An uair sin, iarr orra an làmh (an làmh leis an do sgrìobh iad) a chur dhan uisge.</p> <p>Faighnich den chlas dè cho fada 's a shaoileas iad as urrainn dhaibh an làmhan a chumail san uisge.</p> <p>Dè cho fada 's a tha am pàiste a' meas gun urrainn dhaibh an làmh a chumail a-staigh? (Tòisich an tìmeair).</p> <p>Faighnich de na saor-thoilich ciamar a tha seo a' faireachdann.</p> <p>An uair sin faighnich dhiubh ciamar a bhiodh iad a' faireachdann nam biodh a' bhodhaig gu lèir aca san uisge. Dè na faireachdainnean a dh'faodadh a bhith agad? Am biodh an t-eagal ort, am biodh tu troimh-a-chèile?</p> <p>Faighnich dhiubh dè dhèanadh iad san t-suidheachadh sin?</p> <p>Feumaidh na h-aon saor-thoilich an uair sin an ainmean a sgrìobhadh air pìos pàipeir agus mìneachadh an robh e a' faireachdann eadar-dhealaichte. An robh e doirbh a dhèanamh? An robh na làmhan aca air chrith? Saoil carson a thachair sin?</p>	<p>Bidh dithis sgoilear an sàs sa ghnìomh; ach, thathar an dùil gun cuir an clas gu lèir ris an deasbad.</p> <p>Sgrìobhaidh dithis sgoilear an ainmean air pìos pàipeir. Cuiridh iad an uair sin làmh san uisge. Nì na sgoilearan tuairmse air dè cho fada 's as urrainn dhaibh an làmhan a chumail a-staigh. Innsidh na saor-thoilich mar a tha e a' faireachdann agus a bheil atharrachadh sam bith air an comas gluasaid.</p> <p>Freagraidh iad an uair sin na ceistean a chuireas na tidsearan orra (faic an colbh air an taobh chli).</p> <p>Nuir a bheir iad an làmhan a-mach (an dèidh mionaid no dhà) bu chòir dhaibh an làmhan a thiomachadh agus an ainmean a sgrìobhadh a-rithist. A bheil atharrachadh sam bith ann? An robh e doirbh neo an robh atharrachadh sam bith air cho furasta 's a bha e sgrìobhadh?</p>	



## Plana Leasain: Treas/Ceathramh

Structar leasain	Àireamh na sleamhnaig	Amannan	Gniomhan dhan chleachdaiche	Gniomhan do sgoilearan	Ceistean dùblain
<b>Clisgeadh uisge fuar</b>	7	<b>5</b> <b>mionaidean</b>	Ruith tro shleamhnag 8: tha seo a' sealltainn buaidh clisgeadh uisge fuar air a' bhodhaig (agus air an inntinn). Tha seo a' dol bho gheàrr-ùine (0-3 mionaidean), meadhan-ùine (3-30 mionaidean) gu fad-ùine (30+ mionaidean).  Tha teothachd sam bith fo 15° C air a mheas mar uisge fuar agus is urrainn dha droch bhuaidh a thoirt air d' anail agus air do ghlucasad, agus mar sin tha an cunnart mòr tron mhòr-chuid den bhliadhna.  Tha teothachd chuibheasach na mara san RA agus an Èirinn timcheall air 12° C.	Bidh na sgoilearan an uair sin a' leughadh a' bhùird agus a' faicinn buaidh clisgeadh uisge fuar air a' bhodhaig.	<ul style="list-style-type: none"> <li>A bheil an t-òrdugh seo a' cur iongnadh air duine sam bith?</li> <li>Dè a dhèanadh tu gus thu fhèin a shocrachadh?</li> <li>Ciamar a dh'fhaodadh socrachadh do chuideachadh gus do chumail beò?</li> <li>Ciamar a dh'fhaodadh fleòdradh do bheatha a shàbhalaadh?</li> </ul>
<b>Bhidio 2</b> <b>Bidh air Fleod airson a bhith Beò</b>	8	<b>5</b> <b>mionaidean</b>	Mus cluich thu a' bhidio, iarr air na sgoilearan smaoineachadh air an dà cheist air an sgrion. Cluich a' bhidio is bruidhinn air na ceistean. An uair sin, ma ghabhas e dèanamh, iarr air na sgoilearan laighe air an lär (no seasamh) airson sealltainn mar a nithear fleòdradh. Faic am fiosrachadh gu h-iosal:  An àite a bhith a' gabhail maoim agus a' feuchainn ri snàmh, rach air fleod air do dhruim airson 60 diogan. Ma tha rùm gu leòr ann, iarr air na sgoilearan 'a dhol air fleod' air an druim air an lär. Bidh mar 'chrosag' – cuir do chasan is gàirdean an a-mach, a' gluasad do ghàirdean san uisge gu slaodach. Cuidichidh seo thu gus socrachadh, fàsaidh do bhodhaig cleachdte ri teothachd an uisge agus bheir e ùine dhut smaoineachadh. Às dèidh 60 diog, feuch an dàrna cuid ri snàmh gu rudeigin (cladach, rudeigin a tha air fleod), no ri èigheachd airson cuideachadh (cunnt sios bho thri agus iarr air na sgoilearan aon làmh a chur san adhar, a' smèideadh, agus ag èigheachd 'cuidich mi' gu h-àrd).  Brosnaich sgoilearan gus an tamar-snàimh ionadail aca a chleachdadh gus am faigh iad cothrom a dhol air fleod.	Aig an deireadh, iarr air na sgoilearan smaoineachadh air na tri ceistean:  <ul style="list-style-type: none"> <li>Ciamar a bhiodh do bhodhaig a' faireachdайн?</li> <li>Dè na faireachdainean a dh'fhaodadh a bhith agad?</li> <li>Dè dhèanadh tu?</li> </ul> <p>Bidh sgoilearan a' coimhead air a' bhidio, a' freagairt nan ceistean, agus an uair sin a' dèanamh 'fleòdradh' san t-seòmar-teagaisg. Faodar seo a dhèanamh an dàrna cuid le bhith ag èisteachd ri stiùireadh an neach-teagaisg agus a bhith a' laighe air an ùrlar, no a bhith a' seasamh.</p>	Ciamar a dh'fhaodadh fleòdradh a bhith air am balach anns a' bhidio mu dheireadh a chuideachadh ?



# Plana Leasain: Treas/Ceathramh

Structar leasain	Àireamh na sleamhnaig	Amannan	Gníomhan dhan chleachdaiche	Gníomhan do sgoilearan	Ceistean dùblain
<b>Gníomh 5</b> <b>A' dol air ais do na dealbhan tùsail</b>  An clas air fad	9	5 <b>mionaidean</b>	<p>Iarr air na sgoilearan coimhead air an sgrion agus a dhol air ais do na ciad dealbhan a chunnaic sinn às dèidh an leasain (gheibhearr iad sin air sleamhnag 9.) An atharraicheadh na freagairtean aca a rèir na tha iad air ionnsachadh bhon uair sin? Is e gníomh neo-eisimeileach a tha seo gus adhartas a thomhas.</p> <p>Beachdaich air na ceistean a leanas:</p> <p>Dè na cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann?</p> <p>Nam faiceadh tu duine ann an trioblaid, dè a dhèanadh tu?</p> <p>Nan tuiteadh tu dhan uisge gun dùil agad ris, dè a dhèanadh tu?</p> <p>Ciamar a b' urrainn spòrs a bhith agad gu sàbhailte an seo?</p> <p>Tha sinn airson daoine òga a bhrosnachadh gus spòrs a bhith aca ann an uisge gu sàbhailte, ann an dòigh chiallach. Eisimpleirean de seo: snàmh san amar ionadail aca, tadhail air na h-àiteachan sin còmhla ri pàrant/neach-gleidhidh/inbheach cùramach no buidheann. Cùm air falbh bhon oir. Gabh pàirt ann an gníomhachd ùr a tha air a ruith le proifeiseantach (curachanachd, kayak msaa).</p> <p>Faic <a href="#">làrach-lin Sàbhailteachd Uisge na h-Alba</a> airson barrachd mu bhuidhnean com-pàreacais a bheir seachad fiosrachadh mu ghniomhachdan riaghlaichte agus barrantaichte.</p>	<p>Bidh sgoilearan a' dol air ais dhan dealbh air an do rinn iad sgrùdadh aig toiseach an leasain. Smaoinichidh iad air na ceistean agus am freagairicheadh iad ann an dòigh eadar-dhealaichte a-nis.</p> <p>Sgoilearan a' tort fios air ais dhan chlas.</p>	
<b>Geàrr- chunntas agus ceistean</b>	10	Nas lugh na 5 <b>mionaidean</b>	<p>Dèan geàrr-chunntas air a' chòd 3-cheum:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Stad agus Smaoinich, Aithnich na Cunnartan</li> <li>• Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</li> <li>• Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</li> </ul> <p>Freagair ceist sam bith a th' aig na sgoilearan.</p>	<p>Gus tuigse nan sgoilearan a thomhas, faighnich:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Carson nach bu chòir dhut a dhol a-steach dhan uisge gus cuideigin a chuideachadh uair sam bith?</li> <li>• Cò dha a chuireas tu fòn ann an suidheachadh èiginn.</li> <li>• Cò bhios tu ag iarraidh nuair a bhios tu aig an tràigh? Aig loch?</li> <li>• Dè na trì rudan as urrainn dhut dèanamh gus cumail sàbhailte faisg air uisge?</li> <li>• Carson a tha cuid de chunnartan falaichte uaireannan?</li> <li>• Ma thuiteas tu ann an uisge fuar, dè bu chòir dhut dèanamh?</li> <li>• Dè na trì piosan comhairle a bheireadh tu do chuideigin mu shàbhailteachd uisge</li> </ul>	